

Ag amas air dìon.

A' cumail rian air ciontaich
gnè sa choimhearsnachd
agaibh fhèin.

Facal-toisich.

Tapadh leibh airson a' bhileag seo a thogail. Tha adhbhar cudromach aice. Tha e na h-amas freagairt a thoirt air ceistean sam bith a dh'fhaodadh a bhith agaibh mu dhaoine a chaidh a dhìteadh airson eucorach gnè a tha a' fuireach sa choimhearsnachd agaibh fhèin an-dràsta.

'S e aonan de na rudan as duilghe mu dhìon a' phobaill nach eil, gu mì-fhortanach, a leithid a rud ann ri saoghal a tha saor bho chunnart. B' fheàrr leinn gun robh.

An dèidh sin, ge-tà, tha ìre nach beag de thionnsgnaidhean anabarrach dearbhach ann air am bu chòir dhuibh a bhith mothachail.

Mar eisimpleir, bidh Seirbheis a' Phoileis agus nam Prìosan ag obair gu dlùth le buidhnean-gnìomha eile leithid ùghdarrasan ionadail agus Seirbheisean Obrach Shòisealta gus nach bi ach an ìre as ìsle de chunnart ron phoball. Bidh na buidhnean-gnìomha seo cuideachd a' stiùireadh chiontach anns a' choimhearsnachd.

O chionn beagan bhliadhnaichean thathar air ìre mhòr de laghan 's de mhodhan-obrachaidh ùra a thoirt a-steach ann an Alba gus cunnart a lùghdachadh. Chaidh a' bhileag seo a chur ri chèile ach am faigh sibh eòlas air na ceumannan adhartach seo. Gheibh sibh fiosrachadh cuideachd mu na leanas:

- Barailean mearachdach bitheanta mu chiontaich gnè
- Giorrachadh mu atharrachaidhean air an lagh o chionn ghoirid agus mu mhodhan-obrachaidh ùra gus am poball a dhìon bho chiontaich-gnè aithnichte
- Am fiosrachadh mu chiontaich gnè air am faod sibh cothrom fhaighinn
- Mar a gheibh sibh barrachd fiosrachaidh

Dè tha sinn a' ciallachadh le ciontaich gnè 's le eucoir ceangailte ri gnè?

Tha iad seo nam briathran farsaing a tha toirt leotha iomadh seòrsa de dh'eucoir. Nam measg tha toirt air èiginn, ionnsaigh ghnèitheasach, gnìomhachd ghnèitheasach le cuideigin fon aois laghail, eucoir air lìon, mì-ghnàthachadh gnèitheasach air clann, nochdadh drabastach agus eile. Cuideachd bidh cùisean diofraichte bho chèile a thaobh an nadair fa leth.

Bu chòir cumail air chuimhne nach ann an aghaidh cloinne a bhios a h-uile h-eucoir gnè agus nach eil a h-uile ciontach gnè na thòradair-cloinne. Tha beachd ceàrr ann cuideachd gur h-e coimhich a bhios a' tarraing a-mach a' chuid as motha de dh'eucoirean gnè.

Chan ann mar seo a tha firinn na cùise idir.

Tha a' mhòrchuid mhòr dhiubh aithnichte don fheadhainn a dh'fhuilingeas. Gu tric 's e eòlach no ball den teaghlach a bhios annta. Ann an 86% de shuidheachaidhean mu dhìon-cloinne far an robh feum air gnìomhachd b' e pàrant nàdarra an leanabh am prìomh neach a rinn am mì-ghnàthachadh no mun robhar an amharas mu dheidhinn. Ann an dìreach 1% de na cùisean cha robh an leanabh no an teaghlach aige eòlach air an neach a rinn am mì-ghnàthachadh.

Tha seo a' daingneachadh cho cudromach 's a tha e gun tog caraidean, nàbaidhean agus coimhearsnaich eile na ceistean a bhios aca – cho math ri bhith a' meòrachadh mu 'chunnart nan coimheach'.

Chan e daonnan 'bodaich shalach' a th' ann an ciontaich gnè. Faodaidh iad a bhith nam fireannaich, nam boireannaich, nan daoine pòsta, nam pàrantan, nan daoine òga, 's den a h-uile cinneadh, creideamh agus aicme shòisealta.

Tha e cudromach cuideachd gun toirear fa-near nach ionann a h-uile ciontach gnè. Bidh feadhainn a' gabhail an aithreachais gu mòr mun eucoir a rinn iad agus a' cumail orra na dèidh gu beatha chiallach a bhith aca le làn spèis don lagh.

Bidh feadhainn eile ann aig am bi duilgheadasan gu math domhainn a' cur air an inntinn agus am feum air taic gu math dian gus rian a chumail air a' ghiùlan aca 's am poball a dhìon.

Tha e cudromach cumail air chuimhne gum bi ìre nach beag de dh'eucoirean gnè gun aithris agus uime sin gu bheil ciontaich gnè ann air nach eil na h-ùghdarrasan eòlach. Bidh iad a' fuireach anns a' choimhearsnachd againn agus feumaidh sinn cumail oirnn a' gabhail cheumannan ciallach gus sinn fhìn a dhìon agus gus nach bi ach an ìre as ìsle de chunnart ann bhon leithid a dhaoine.

Gheibhear fiosrachadh agus comhairle mu shàbhailteachd dhuibh fhèin agus don teaghlach agaibh aig deireadh an leabhraìn seo.

10 bliadhna de dh'adhartas.

Tha ìre nach beag de leasachaidhean air a bhith ann sna 10 bliadhna a chaidh seachad, nam measg:

- **A' Neartachadh Clàr nan Ciontach Gnè**

A bharrachd air ainmean agus seòlaidhean, feumaidh a h-uile ciontach gnè fios a thoirt don Phoileas a-nis leithid àireamh cead-siubhail, àireamh àrachais nàiseanta agus fiosrachadh mu chunntasan-banca cho math ri sampail de DNA, meur-lorgan agus dealbhan-camara. Tha ìre àrd de ghèilleadh ann, aig 98%.

Le barrachd fiosrachaidh, tha e nas fhasa don Phoileas an ìre bheag a dh'fheuchas ri teicheadh bho na buidhnean-gnìomha iomchaidh aithneachadh agus a lorg.

An fheadhainn gèill ris na feumalachdan a thaobh clàradh-fiosrachaidh aig Clàr nan Ciontach Gnè faodar am peanasachadh le suas gu còig bliadhna sa phrìosan.

- Tha na h-aon riaghailtean clàraidh a' bualadh a-nis air daoine a rinn eucoir gnè thall thairis (biodh iad nan saoranaich Bhreatannach no à dùthaich eile) a thig don Rìoghachd Aonaichte na dèidh 's a bhitheadh nan robh iad air an eucoir a dhèanamh san dùthaich seo fhèin

- Toirt a-steach nan Oifigearan-Ceangail Eucoirean Gnè a bhios a' cumail sùil air cùisean far a bheil ciontaich air an gleidheadh ann an àiteachan-fuirich a bhuineas do dh'ùghdarras ionadail no do chomann-taigheadais

- Barrachd chumhachdan aig a' Phoileas gus taighean nan ciontach gnè a rannsachadh

- **Toirt a-steach Òrdain-Toirmisg Eucoirean Gnè**

Tha iad seo nan srianadh laghail air na nì ciontaich àraidh gnè a tha a' fuireach anns a' choimhearsnachd, mar eisimpleir srian air ceanglaichean a dhèanamh ri clann no air a dhol faisg air ionad-cluiche no sgoil.

- **Cleachdadh aigilean electronaigeach ann an cùisean àraidh – innleachd a tha ga cleachdadh airson farsaingeachd de dh'eucoirean a-nis, eucoirean nach eil ceangailte ri gnè nam measg**

- **Cur air dòigh ullachaidhean mu dhìon a' phobail le iomadh buidheann-gnìomha (DPIBG)**

Fodha seo feumaidh am Poileas, Seirbheis Phrìosan na h-Alba, Seirbheisean Obrach Shòisealta agus ùghdarrasan eile (leithid ùghdarrasan ionadail, ùghdarrasan taigheadais agus Bùird-Shlàinte an NHS) obrachadh còmhla gus measadh a dhèanamh air a' chunnart a dh'fhaodadh gach ciontach a chruthachadh.

Nuair a bhios feum air a leithid, tha plana air a dheilbh 's ullachaidhean air an cur an altaibh a chèile gus rian a chumail air a' chunnart a dh'fhaodadh èirigh. An crochadh air an ìre de chunnart a th' ann, faodaidh buidhnean-gnìomha ruigse de cheumannan a ghabhail, nam measg:

- Am Poileas a' tadhal 's a' ceasnachadh, gach cuid le fios ro làimh agus às aonais
- Coinneamhan cunbhalach ioma-bhuidhneach gus fiosrachadh a chompàirteachadh mun chiontach agus planaichean mu rian air cunnart aontachadh
- Ath-bhreithneachadh leanmhainneach air an ìre de chunnart a bhios gach ciontach a' toirt
- Feuchainn ris an coltas gun dèanar barrachd eucoirean a lùghdachadh, m.e. obair-bhuidhne bharrantaichte air a solar tro sheirbheisean obrach shòisealta
- Toirt chiontach air ais don phrìosan airson briseadh mòr a dhèanamh air na cumhaichean fon deach an leigeil mu sgoil
- Toirt air ais don chùirt nan ciontach sin a bhriseas feumalachdan Òrdain-Toirmisg no a nì eucoir eile ri linn ùine an Òrdain
- Toirt seachad àite-fuirich fo stiùir far am faodar sealltainn gu dlùth air ciontaich, an cur fo chlag-smàlaidh iomchaidh no, ann an suidheachaidhean a-mach às an àbhaist, fo aigilean
- Tha gach ciontach gnè a fhuair còrr agus 6 mìosan prìosain air a leigeil mu sgoil fo chead agus fo shùil obair shòisealta ceartais eucoraich anns a' choimhearsnachd

Bidh Ullachadh DPIBG ionadail a' dol anns an sgìre agaibh fhèin. Thathar air maoineachadh agus trèanadh sònraichte a chur ri stèidheachadh an t-siostaim DPIBG.

- **Stèidheachadh stòr-dàta ùr air a bheil ViSOR (Violent and Sex Offenders Register, no Clàr nan Ciontach Fòirneartach agus Gnè)**

Tha seo a' toirt cothruim don Phoileas, do Roinn na h-Obrach Shòisealta 's do Sheirbheis nam Prìosan air an fhiosrachadh air fad a tha ri fhaotainn nuair a tha measadh ga dhèanamh air a' chunnart don phoball bho chiontaich no bho dhaoine nach deach a dhìteadh airson eucoir fhathast ach a tha gam meas nan adhbhar-cunnairt.

- **Faodar fiosrachadh mu chiontaich aithnichte gnè a chompàirteachadh ri buill shònraichte den phoball a-nis, ma thathar den bheachd gu bheil ciontach na chunnart sònraichte don neach sin no don teaghlach aige**

- **Ciontaich a rinn ionnsaigh gnè air clann a tha nan cunnart mòr 's a bhios a' teicheadh bho na h-ùghdarrasan**

Faodar dealbhan de chiontaich gnè cloinne a thèid a dhìth a chur air làrach-lìn 'mòr-iarraidh' air an ruig am poball agus faodar seo fhoillseachadh nas farsainge sna meadhanan.

- **Casg a chur air daoine mì-fhreagarrach bho bhith ag obair le clann**

- **Toirt a-steach Clàr nan Daoine nach Fhaod Obrachadh le Clann**

Seo clàr dhaoine tha gam meas mì-fhreagarrach airson obair le clann. Buinidh an clàr ri daoine a chaidh a dhìteadh airson giùlain a rinn cron air clann (cron a thaobh gnè no rudan eile) 's a tha nan cunnart leantainneach.

- **Cruthachadh eucoirean ùra, leithid tàladh cloinne**

Dè am fiosrachadh mu chiontaich aithnichte gnè air a bheil cothrom agam?

Airson a' chiad uair, chaidh aithisgean bliadhnail DPIBG fhoillseachadh don sgìre agaibh fhèin. Tha iad seo ag ath-bhreithneachadh na thachair san sgìre agaibh fhèin 's a' cur an cèill na tha san amharc don bhliadhna ri tighinn. Tha iad cuideachd a' clàradh cia mheud ciontach gnè a tha san sgìre agaibh.

Ma bhios ceist air a' Phoileas, air Seirbheis nam Prìosan, air Oibrichean Sòisealta agus air luchd-dreuchd slàinte mu chunnart dìreach dhuibh fhèin no do neach a bhuineas dhan teaghlach agaibh, an dara cuid mar thoradh air sgrùdadh a rinn iad no air fios a thug sibh seachad, bheir iad dhuibh fiosrachadh sam bith a tha riatanach gus sibh fhèin agus an teaghlach agaibh a chumail sàbhailte.

Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh ciontaich shònraichte a chomharrachadh agus fiosrachadh pearsanta a thoirt seachad leithid seòladh na dachaigh no an ionaid-obrach aca.

Rachadh seo a dhèanamh aig coinneamh bus ri bus. Faodar fiosrachadh mu chiontaich gnè san sgìre a thoirt do choimhearsnaich eile, leithid cinn-sgoile, luchd-fastaidh agus uachdarain, ma chuidicheas e riutha gus na daoine ris a bheil iad an urra a dhìon.

A' cleachdadh fiosrachaidh gu cùramach.

Tha uallach air daoine a gheibh am fiosrachadh seo dèanamh cinnteach gun tèid a chleachdadh air an adhbhar a bha na amas. Cha bu chòir a chleachdadh gus ciontaich a shàrachadh seach gum faodadh seo toirt orra dol air chùl-fraoin. Tha barrachd cunnairt don phoball an lùib seo seach nach gabh an ciontach stiùireadh no dearcnachadh tuilleadh.

A' coimhead air adhart.

Ann an ceithir àiteachan san Rìoghachd Aonaichte an-dràsta, tha deuchainnean a' dol air adhart le rian far am faod daoine fiosrachadh mu dhaoine ainmichte iarraidh air a' Phoileas ann an suidheachaidhean sònraichte – mar eisimpleir airson faighinn a-mach an deach cèile ùr a dhiteadh riamh roimhe.

Thèid co-dhùnadh a ghabhail a-rithist a bheil seo gu leas tèarainteachd a' phobail.

Dè mu dheidhinn an ainmeachadh 's an nàrachadh?

Ann an ceàrnaidhean sònraichte de na Stàitean Aonaichte tha ciontaich gnè cloinne 's eile gan ainmeachadh 's gan nàrachadh, le fios mu na ciontaich air a leigeil mu sgaoil don phoball – air làrach-lìn mar as trice.

Ged a shaoileadh neach gum fàgadh an dòigh simplidh poblach seo air a' chorrach a chur air gach ciontach gnè ('s coma dè an suidheachadh fa leth, leithid gèilleadh leanmhainneach ri feumalachdan a chaidh a chur orra) fois-inntinne aig daoine, mar as trice cha bhi e a' cur an da-rìribh ri sàbhailteachd a' phobaill. Faodaidh ainmeachadh 's nàrachadh misneachd a thoirt bho dhaoine eucoirean aithris ri linn an eagail a bhios orra gun aithnichear iad fhèin.

Bidh e a' brosnachadh dhaoine cuideachd gus gnòthaichean a ghabhail air an ceann fhèin, rud a chuireas an ruaig air ciontaich a-mach às an dara sgìre gu àite-fuirich anns an sgìre eile – cuairt a chuireas bacadh air comas nam buidhnean-gnìomha aghaidh a chur gu h-èifeachdach air a' ghiùlan aca agus an cunnart a dh'fhaodadh èirigh don phoball a lùghdachadh.

Tha an dòigh seo a' toirt faireachdainn brèige mu shàbhailteachd do dhaoine cuideachd, a' gabhail cuimse ri ciontaich gnè a chaidh a dhiteadh 's ri 'cunnart nan coimheach', ged a tha fios againn gu bheil mòran chiontach ann nach eil air an aithris do na h-ùghdarrasan 's nach biodh uime sin 'ainmichte 's nàraichte' idir.

Thathar a' meas cuideachd gu bheil còrr agus trì chairteal de chiontaich gnè aithnichte don fheadhainn a dh'fhulingeas leotha, 's gur math dh'fhaodte gu bheil iad fiùs nam buill theaghlaich.

Tha buidhnean-carthannais mòra cloinne leithid Children 1st agus Barnardo's Scotland, agus innleachdan Riaghaltais leithid SurvivorScotland, cho math ri eòlaichean ann an riaghladh chiontach, uile air a chur an cèill gu follaiseach gu bheil iad den bheachd gu bheil an rian a th' ann an Alba an-dràsta nas fheàrr do shàbhailteachd a' phobaill na a bhith ag ainmeachadh 's a' nàrachadh.

Dè mun fheadhainn a dh'fhulaingeas 's mu fhianaisean?

Chaidh SurvivorScotland a chur air chois le Riaghaltas na h-Alba gus cuideachadh gu seirbheisean nas fheàrr a thoirt do dhaoine a dh'fhulaing mì-ghnàthachadh gnè nan òige. A bharrachd air a bhith a' cur ri mothachadh mun cheist, tha SurvivorScotland cuideachd a' leasachadh ullachaidh agus sgilean don fheadhainn a bhios ag obair leis a' phoball. Tha làrach-lìn aig SurvivorScotland a bheir cothrom do dhaoine air stuth farsaing mu mì-ghnàthachadh, le ceanglaichean ri làraichean feumail eile agus fiosrachadh mu eagrachaidhean-taice ionadail agus nàiseanta.

Faodar tadhal air an làrach-lìn aig www.survivorscotland.org.uk

Tha cuideachadh a tha saor an-asgaidh, diomhair, mothachail agus practaigeach ga thoirt seachad le Victim Support Scotland don fheadhainn a dh'fhulaing 's do dh'fhianaisean air feadh na h-Alba, nam measg pàrantan, luchd-cùraim agus teaghlachan dhaoine a dh'fhulaing a leithid de mì-ghnàthachadh.

'S e an àireamh-chuideachaidh aca 0845 603 9213 agus tha i fosgailte Diluain gu Diardaoin 9.00m gu 4.30f agus Dihaoine 9.00m-4.00f.

Am measg leasachaidhean eile a tha ag amas air tuigsinn 's air spèis a ghabhail do na feumalachdan aig feadhainn a dh'fhulaingeas tha gu bheil còir anns a' bhad aig fianaisean fo aois 16 ri feartan sònraichte a chuidicheas riutha gus fianais a thoirt seachad anns a' chùirt. Nam measg seo tha toirt seachad fianaise air cùl sgàilein sa chùirt no air ceangal beò telebhisean bho àiteigin eile ann an togalach na cùirte no, gu dearbh, bho àite eile buileach.

A bharrachd air seo, chaidh Sgeama Fios don Fheadhainn a dh'Fhulaingeas (SFFF) a shineadh o chionn ghoirid do dhaoine a dh'fhulaing le ciontaich a chaidh a dhiteadh gu 18 mìosan prìosain no barrachd. Tha SFFF a' cumail fios riuthasan a dh'fhulaing mu shaoradh ciontaich.

Tuilleadh fios.

Tha tuilleadh fios mu na cuspairean air a bheilear a-mach sa bhileig seo ri fhaotainn aig www.scotland.gov.uk/Topics/Justice/criminal cho math ri fiosrachadh practaigeach mu shàbhailteachd do dh'inbhich 's do dhaoine òga.

Aithisgean bliadhnail DPIBG.

Tha aithisg bhliadhnail ga foillseachadh aig a h-uile sgioba DPIBG. Tha seo ag ath-bhreithneachadh air na thachair san sgìre agaibh fhèin 's a' cur an cèill na tha san amharc don bhliadhna ri tighinn. Gheibhear lethbhreac den aithisg air làrach-lìn Riaghaltas na h-Alba.

<http://sh45inta/Topics/Justice/criminal/16910/mappa/MAPPA-Publications>

A' cur fios.

Seo an fheadhainn chun an cuir sibh fios ma dh'èirich eucoir ghnèitheasach dhuibh nur n-inbheach no nur pàiste.

Am poileas ionadail: www.scottish.police.uk

Rape Crisis Scotland: 08088 010302.
www.rapecrisisscotland.org.uk

Victim Support Scotland: 0845 603 9213.
www.victimsupportsco.org.uk

Ma tha iomagain oirbh gu bheil leanabh ann an dearg chunnart.

- Cuiribh sgairt air 999

Am measg dhaoine eile a bheir cuideachadh dhuibh tha:

- Am Poileas ionadail agaibh
- Na Seirbheisean Obrach Shòisealta ionadail agaibh
- An Neach-Tadhail Slàinte agaibh

Ma tha iomagain oirbh mu chor leanaibh.

Cuiribh sgairt air Loidhne-Chobhair Nàiseanta Dion na Cloinne **0800 022 3222**.

No rachaibh gu www.infoscotland.com/childprotection

Faodaidh pàrantan agus luchd-cùraim sgairt air loidhne-chobhair ParentLine Scotland air **0808 800 2222**. a tha an-asgaidh 's diomhair Tha an loidhne-chobhair fosgailte bho 9m gu 5f Diluain, Diciadain 's Dihaoine agus bho 9m gu 9f Dimàirt 's Diardaoin, no faodaidh sibh tadhal air parentline@children1st.org.uk

Gus comhairle fhaighinn mu shàbhailteachd air an lìon.

Tha Ionad Mi-Ghnathachaidh 's Dion Air-Loidhne na Cloinne aig www.ceop.gov.uk a' toirt seachad tòrr comhairle a tha feumail do dhaoine òga, do phàrantan, do luchd-teagaisg 's do luchd-dreuchd eile. Tha am fiosrachadh do phàrantan ri fhaotainn aig www.thinkuknow.co.uk

Tha an t-Ionad cuideachd a' ruith na seirbheis 'mòr-iarraidh' do dh'fheachdan ionadail poilis far am faod buill a' phobaill obrachadh leis a' phoileas gus feadhainn de na ciontaich gnè cloinne as motha tha gan sireadh san Rìoghachd Aonaichte a lorg. Faodaidh sibh clàradh gus na naidheachdan as ùire mu na ciontaich seo fhaighinn le bhith a' tadhal air www.ceop.gov.uk/wanted

Ma tha sibh nur pàiste no nur duin' òg a tha a' fulang mì-ghnàthachaidh.

Cuiribh sgairt air **Childline Scotland** air **0800 1111**. Seo carthannas a tha toirt comhairle an-asgaidh 's diomhair do phàiste sam bith aig a bheil tàire sam bith.

Ma tha amharas agaibh gu bheil comharraidhean giùlain mhi-ghnàthachail air cuideigin a tha faisg oirbh no ma tha iomagain oirbh mu'r cuid smuaintean drabasta 's mu'r giùlan ri cloinn.

Tha Sguir Dheth anns a' Bhad! a' toirt seachad fios, comhairle 's cuideachaidh ann an diomhaireachd do dh'inbhich gus casg a chur air mì-ghnàthachadh cloinne.

Faodaidh sibh sgairt air loidhne-chobhair **Sguir Dheth anns a' Bhad!** an-asgaidh air **0808 1000 900** no tadhal air www.stopitnow.org.uk

Gu fios farsaing fhaighinn mu chumail cloinne sàbhailte

CHILDREN 1ST

83 Whitehouse Loan

Dùn Èideann

EH9 1AT

Fòn: 0131 446 2300

Facs: 0131 446 2339

Loidhne-chobhair: 0808 800 2222

Post-dealain: info@children1st.org.uk